

5.5132 (3)


BUCHANAN (Dugald)

Laoith Spioradail


le Dughall Bochannan

.....
DUNEDIN 1773

Mutilated









Buckhams
Hymns


2nd edition 1773


newspaper

25/-









CLODH-BHUAILT A EION REIT
MDCLXXIII

reindeer
Polar bear
Canary Islands
Iceland
Ellesmere
Cariboo
Cape Horn
Cape York Peninsula
Polar bear
Arctic islands
Iceland
Canary Islands

L A O I D H

S P I O R A D A I L.

L E .

D U G H A L L B O C H A N N A N.

A N D A R A C L O' B H U L A D H.

Gabhadh focal Chríost comhnuidh annaibh
saibhir fan uile ghliocas; a teaghlach
hairleachadh a chéile le salmaibh, agus lao
agus cantaicibh spioradail a' deanamh eis
Tighearna le gràs ann b'nur creidhead
COL. iii. 16.

D U I N E D I N

CLODH-BHUAILT B E I O N REID

M D C L X X I I I

3-7-8-10
3013724
3013725

M O R D H A C H D D H E

CREUD e Dia, no creud e Ainm ?

Cha tuig na h Aingle 's àird 'n gloir ;
Tha e 'n solus dealrach foluicht uath',
Far nach ruig sùil no smuain na chóir.

Uaith' fein ata a Bhith ag fruth ;
Neimh-chruthaichte ta uile Bhuaibh :
Neimh-chriochnaicht 'n an nadur fein ;
'S fein-dhionmhalta ga 'n cumail suas.

Cha raibh e òg is sean cha bhì ;
O shiòr' gu fior gun chaochladh staid ;
Cha tomhais Grian-no Gealach aois ;
Oir 's nithe caochlach iad air fad.

'N uair thaisbeanas e ghlòdir nò għiras.
Bidh là neimh-bħàsmhur teachd o shi
'S gràd chuiridh fluagh nan neamħad
Le'n sgiathaibh sgàile air an gnūis.

'S mu thaisbeanas e għnūis an gruaim,
Grad sgaoilidh uamhunn feedh nan ipèur
Roimh' achmhasansa teichidh 'n cuan,
S' le geillt-chrith gluaqidh 'n cruinne cè.

Ta oibre nàduir searg' 's a fàs.
O chaochladh 'tā'd gu caochladh ritu :
Ach uile thionsg'ans 'tā'id 'nan aon,
Gun traogh no lionadh air a Bhith.

Ta aingle's daoin do neimh-ni dlù ;
 A' bhrù o'n d'thainig sinn gu lèir,
 Ach iomlaineachd o mòrruichead ta,
 Neimh chriochanach 'na nàdur fèin.

?Nuair chualadh Neimh-ni guith a bhéil,
 Ghrad leum na bith a chrùitheadh mhòr,
 An cruinne so le uile làn,
 Sna neamhadh àrd le'n uile shliòigh.

'N sin dh' fheuch air olbrichibh gu lèir,
 'S gach crètair bheannuich e 'nan staid,
 S cha d' fhicum ath-leasachadh air nì,
 A meaig a ghìnlomhara air fad.

Air clarsach dhearn thia dòl mu'n cuairt
 Gach reult a għluiseas ann san speur ;
 An cruthach gu leir tha 'fīgħ 'na ghlaic,
 Ideanamh thaic da għairdean treun.

Urtuicheas do Bhith a Dhe !
 Jid hne il luig gach rèusan suas ;
 Olbrichibh, tha aingle's daoin
 Bi maoraich glacadh chuain.

Għibhuantachd tha thusa a' d' Rìogh.
 Ni bheil san t-saogħi ls' ach nì o 'n dè ;
 Beag an eachdruidh chualas dliot,
 Cha m'hix do d' ghinloṁh ata fuidh 'n għrein.

Go d' thioundadh għtian gu neimh-ni ris,
 Ni bheil fa chuairet a soluis mhoir ;
 Beag birod d' oibre 'g inundrajin uath,
 Ni luuva qiegħi ag iunndrain fileadha mheddir,

An cruthach cha deun le uile ghloir,
 Èan-f hoillseachadh air Dia nam feart.
 Cha 'n 'eil 's na h oibre ud gu leir,
 Ach talbein èarlais air a neart.

Le'r tuigse thana 's diomhain duinn
 Bhi sgrudadh chuain ata gun chrioch ;
 An litir 's lugha dh' ainm ar Dè,
 Is tuille 's luchd d' ar èusan ì.

Oir ni bheil dadum cosmhuil riot
 Am measg na chruthaich thu gu lèir,
 'Sa measg nan daoine ni bheil cainnt
 A labhras d' ainm ach d' fhocal fèin.

FULANGAS CHRIOSED.

SE fulangas mo'hlànai-fhear
Dò bhios m o dhàn a' luaidh,
Mor-iriosfachd an àrd-Riogh sin
Na bhreith 's-na bhàs ro chruaidh,
'Se 'n t ioungantas bu mhìorbhuilich
Chuaidh innseadh rìamh do shluagh ;
An Dia bha ann o shorruidheachd,
Bhi fas na chìochran truagh.

'N uair ghabht' am broinn na h òigh' e;
Le cògnadh Spioraid De,
Cham an Nadur Daonna sin,
A dheanamh aon ris fein ;
E sgàil mu Dhiadhuigheachd ;
TRIATHAR dhearnadh sedil,
Sic' an rùn diamhair sin,
Càinntidh le glòir.

Dh 'n stàball dioblidh e,
Chilleachdan gun treoir ;
Oidh neach a dheanadh cairdeas ris,
No bheireadh fàrdoch dbo.
En mheinatir bhi 'ga shriothaladh,
Nu'uidheam mar bu choir ;
Ach eich is daimh ga chuairteachadh
D' an duail gach uile ghlòir.

Jean gann bha fios gu'n d' thàinig e,
Do dhuit 'g' dìla nàimhde mòr :

B' éidir teich don Ephaid leis,
 Roimh Herod bh'air a thoir,
 Is e co naimhdeil dhìoghaltach
 Chum Iosa chur gu bàs ;
 'S gur mharbhadh leis gach cùocharan
 A bha na riogh'clid gun dàil.

Bha tuill aig na sioinnaibh
 Ga'm folachadh o theinn,
 Bha neid aig na h èurnlaithe
 Ann gèuga àrd na'n crann ;
 Ach eisean do riñn uile iad,
 'S gach ni sa' chruinne chè,
 Bha e fein na fhògarach,
 Gun chòmhnuidh aig fuidh'n ghre.

Am feadh 'fa ghabh an Slànuishear
 Mar ionad tèmh an saogh'l,
 Mar lèigh ro iochdunhar fàbharach
 Bha leigheas clann nan daoin
 'N aon èugail riannxi bu gl
 'S gach gatar cràiteach gèur,
 Do thionndadh e chum slànuachadh
 'N uair làbhradh e o bhèul.

Thug teanga do na balbhanaibh,
 'S don bhacach mhall à lugh,
 Do 'n bhodhar thug fe chlàistineachd,
 'S do dhaoine dall an iùl,
 Na lobhair bhreun do għlanadh leis,
 Cur fallaineachd nam fedil :
 Is leighis gach èugail anama e,
 'S na mairbh do thug se bed,

Dò shearmonaich an soisgeul leis,
 Do dhaoine bochda truagh :
 Is gheall e saorsa shìorruidh dhoibh
 Bha 'n glais faoi chìs ro chruaidh :
 Na'n gaibhte ris an fhìrinn leo,
 Le creidimh fìorughlan beò,
 'S gu 'm biodh iad air an tòmpuchadh
 O ghnìomharaibh na feòl.

Lean buidheann tur don fhàsach e,
 Is dh'fhan tri laeth na chòir,
 Ùile bha do dh'aireamh ann
 Bhàilneachadh chion lòn :
 'N da iasg 's aig araid eòrn,
 S do itheadh ach gur shàsuich iad.
 Ad ni bu leòir.

Aisgeadh onfadhl cuain leis,
 Ibbreanch mòr,
 Idhreachach,
 Uairtich e na dhòrn :
 Is air gach mìorbhuile,
 Ann san fheòil,
 Humadh 'n saoghal do sgrìbhinnibh,
 Na an' innseadh e gu leòir.

Ach 'n'air bha 'n tam a' dlùthach ris
 Gu'n siùbhladh è chum gloir,
 Ghairm e chuige dheiscobuil,
 Is dheasluigh e dhoibh lòn ;
 Eòl e fios nan suidhe iad
 Uidhciam air a bhòrd ;

Aran's fion do riariuch orr
Bha ciàllach fhuil is fheòil.

Thug e sin mar ordugh dhoibh
Bhi 'n comhnuidh ac gu bràth,
A dh' fhoillseachadh mhor-fhulangais,
Do dh' fhuilig air an sgà,
Gu 'n itheadh is gu 'n èladh iad
Do dh' fheartaibh mor a ghràidh,
'S gu 'm bitheadh e mar chuimhne aig
A mhuiintir air a bhàs.

'N uair thainig chum a ghàraidh e,
Do bhi a chràdh ro mhor ;
'N uair fhuair e 'n cupan feirge sin,
Bha oillteil fearbh r'a òl,
Air ghoil bha chuisle craobhachsan
Tre chorpa ro naomh 'ga fhàsg ;
Na fhollas folas braonadh 'mach
Tre aodach air an lèar.

'N sìp thuit e air a ghlùinibh sios
Ag deanamh ùrnuigh ghèur,
“ Athair chaomh ma's comas e,
“ An deoch fo cuir uam fein ;
“ Ach so a' chrioch mun d' thainig mi,
“ Gu'n fabhalain mo thrèud,
“ Mar sin ni iarram fabhor, ach
“ Do thoil gu brath bhi deunt.”

Be sud an cupan uamhunnach,
Do fhuair e ann a laimh ;
Peacadh 'n t-saothail gà chuaireachadh
'S gach duais a bhuiqeadh dhà,

Na dh'fhuil'geadh'n saoghal gu sìorruidheachd
 Do phiànnaitibh is do chràdh,
 Chuaidh sud a leagadh comhladh air,
 'S an deoch ud dh' òl nan àit.

B'e Diabh'l a shealbhuich Iùdas sin.
 Le chroidhe dùbailt' fiar;
 An cealgoir fànnach lùbach ud,
 A chuir dubh-chàl re Dia :
 An troiteir reic e Shlànan'fhear,
 'S a mhaighsdìr gràdhach fein,
 Is bhrath da naimhde bàsmhur e,
 Fuidh chàirdeas pòg a bheul.

An sin do rinn iad prìosunach
 Do dh Iosa gun shionfath,
 Is teug iad dh' ionnsùidh Philat e,
 Gu 'n dìteadh e chum bas :
 Do dhìt am breitheamh èucorach
 Le fiadhuis bhrèig an Tì,
 Bha choguis rein ag riinneadh dha
 Bhi dìthchiontach is fior.

Do cheangail agus fgiùrs' iad e
 Le buillibh drùiteach geur,
 An fheoil o'n chnaimh do rùisgeadh leo
 Meallaibh brùit gu leir,
 A chorp ro naomh do mhilleadh leo.
 'S a chreuchda fileadh fìos ;
 An fhuil le'r cheannachadh 'n saoghal fo
 Gun sgaoinn bhi dhith na prìs.

Do rinneadh crùn don sgitheach leo,
 'S do fhith iad e gu teann,

Chur tuille pian is nàire air,
 Do spàrr iad e mu cheann;
 'Na cheann a steach do bhuaileadh leo
 Na bioradh cruaidh ro gheur,
 Is aghuidh ghloirmhor d' fholach iad
 Le 'n fileadh falach breun.

'N uair chuir iad an crun nàrach air,
 Ro chràiteach goirt do bhi,
 Do sgeudaich iad le sgàrlaid e
 'S chuir colbh 'na laimh mar Rì
 Is labhair iad gu sgallaiseach
 A' fanoid air an Ti,
 Fàilte Riogh nan Lùdhach dhuit,
 Le 'n glùn ga cromadh sìos.

Le 'm foirneart mhoir do èigneich e
 Chrann cèusaidh thogail suas,
 Ge bu chruaidh sud b' fhèudar e
 Bhì 'g gileadh, "Hoibh an uair;
 A chuisleadh caomh ag tràsgadh as,
 'S a neart ga fhasgadh uaidh,
 A' direadh 'n t-fleibh ga shàruch, gus
 An d' fhaillnich e faoi 'n chuail.

Sios air an teabuidh dhòruinuich,
 Le dheòin do luigh e sein;
 Ruisgt' air a chrann do shineadh e,
 'S gach allt dheth spion o chèil:
 A chorpa ro naomha beannuighe,
 Do cheangail iad gu teann,
 Le tairn'ibh 's ord ga 'n sparradh sud,
 Gu daingion ris a chran.

An crann an sin do dhìrich iad,
 Is Iosá thog air suas,
 Air na tairn' ibh chrochadh e
 Le dochánn tha dòth luaidh ;
 A chudthrom fein a' ràubadh as
 Gach crèuchd na chois's ná laimh,
 Is fhuil ro phriseil naombasan
 Ga taomadh sios gu lár.

Ge bu mhàllach cràiteach leis
 Am bàs do dheilbheadh leo ;
 Aon ghearan riabhach dhaidh
 A aghuidh naimhde mor ;
 Ach fann a ghabh e 'n leith-sgeulsan,
 Ga'n teafairginn gu flor,
 "Achair thoir dhoibh maitheanas,
 "Ta'id aineolach nan guiomh."

Chuaidh dibhfhearg Dhe a thaomadh air
 Ach uile thaobh mu'n cuairt
 Nuis a ghraidih do fholach air
 Is thionndadh solus uaidh ;
 Do eigh e faoi na pianntuidh sin,
 " Mo Dhia ! Mo Dia na trèig !
 " Na ceil do ghnuis ro flàbharach,
 " S na fag me ann a mfhéum.

Na 'n rachadh an trom-dhioghaltais ud
 Do ghiùlain Ios'e fein,
 Leag air a chinneadh daonna sin
 'S na h aingle naomh le cheil,
 Do chasgradh ann a mòmaint bhig,
 Nu Slòigh ud leis gu leir ;

Gach creug air talamh sgealbadh leis,
 'S na mairbh do chlisg gu leir :
 Do thiondadh ghrian gu dorchadas,
 Is chaochail colg gach nì,
 Bha chruitheachd mar gu 'm bàsaich i,
 'S i tàradh chum a crìch.

Nà flaitheas bha riamh solasach
 'S gach àoidh bha subhach shuas,
 San am sin rinneadh brònach iad,
 'S an ceòl do leig iad uath ;
 Re faicsin dhoibh an Ughdair ac'
 San ùir ga leagadh sìos,
 An bàs a bhi ga cheangalsan
 Thug anam do gach nì.

LA A BHEITHEAMEAMHNAIS.

AM feadh 'ta chuid is mo do 'n t faogh' l
 Gun ghaol do Chriosd, gun sgoinn da reachd,

Gun chreideamh ac gu 'n d'thig e rìs,

Thoirt breith na firinn air gach neach.

An codal peacaidh 'ta'id nan suain,

Ag bruadar pailteas do gach nì ;

Gun umhail ac n' uair thig am bàs,

Nach meal iad Fàrras o'n ard Ríogh.

Le cumhachd d'fhocail Dhe tog suas,

An suagh chum aithreachais na thra,

Is beannuich an Dàn so do gach neach,

Bheir seachad eisteachd dha le gràdh.

Mo smaointidh talmhuidh Dhe tog suas.
 'S mo theafiga fuagail ann Mo bheul ;
 Do chum gu'n labhairann mar bu choir,
 Mu ghlòir smu'namhunn laeth Dhe.

Air meadhon oidhch' n'air bhios an saogh'l,
 Air aomadhi thairis ann an suain ;
 Grad dhuisgear suas an Cinneadh Daonn,
 Le glaodh na trompaid's airde fuaim,

Air neul ro ard ni shioillseach fein,
 Ard aingeal treùn le trompaid mhòir,
 Is gairmidh air an t saogh'l gu léir,
 Iad a ghrad èiridh chum a mhòid :

" O cluinnibhs uile chlann nan dàoin,
 Do thainig cean'an t saogh'l gu beachd ;
 Leumaibh 'nar beallta sibhs 'ta marbh,
 Oir gu dearbh 'ta Ios' air teachd."

Ididh se le sgàil co chruaidh,
 Co le sgàil co lleibhte 's ean'an nan rith ;
 Chìgidih na bhiost marbh san uaigh,
 Is na bhiost beo le h uamhrunn crith.

Le h ofaig dhoinionnaich a'bheil,
 An' saogh'l so rêu baidh se ga garg,
 S mar dhàn a'p t seangain dol na għluais,
 Grad bħrūchdaidh 'n uaigh a nios a marbh.

'N sin cruijanichidh gach cos is làmh,
 Chruaidh chur san a'reach sad o chieil ;
 'S bidh farum mor a measg nan cnámh,
 Gach qon diu dol na àite fein.

Mosglaidh na fireanaich an tās,
 Ag leir o 'n suain,

An anamajbh turlingidh o ghlòir,
Ga 'n còmhachadh aig beul na h uaigh.

Le h aoibhneas togaidh iad an ceann,
'Ta àm ain fuasglaidh orra dlù ;
Is mar chraoibh-mheas faoi ionlan blàth,
Ta dreach an Slànui' fhear 'nan gnùis :

Ta obair Spiorad naomh nan gràs
Air glanadh 'n nàduir o 'n taobh steach :
'S mar thrusgan glan 'ta ùrmhlachd Chriosd,
Ga 'n deanamh sgiombhach o'n taobh 'mach,

Duisgear na h aingidh suas 'n an deigh,
Mar bhèifdibh gairisneach as an t flochd ;
'S o ifrinn thig an anama traagh ;
Thoirt coinnibh uamhasach da 'n corp.

'N sin labhruidh 'n tanam brònach truagh,
R'a choluinn oillteil, uamhurr, bhreun,
" Mo claoith ! ciod uime dh' eirigh tù
" Tòrr peanas a dòbailt oirn le chèil ?

" O ! 'n eigin damhsa dol aris,
" An prìosun neo-ghlan steach a'd' chrè ?
" Mo thruaighe me gu 'n e' aontaich riamh,
" Le d' an-mianna brùideil fein !

" O 'm fuidh me dealach riut gu bràth !
" No 'n d' thig am bas am seasd a' d' choir !
" 'N drùigh teine air do chnamhaibh iairn !
" No dibh-fhearg Dhia an struidh i t fheòil !"

Eiridh na rìghridh 's daoine mòr,
Gun smachd gun òrdugh ann nan làimh ;
'S cha naithn'ear iad a measg an t fluaidh,
O 'n duine thruagh bha ac na thràill.

'S na dàoinne uaibhreach leis nach b' fhiù,
Gu'n ùmhlaicheadh iad fein do Dhia ;
O faic anois iad air an glùn ;
Ag deanamh ùrnoigh ris gach stiabhlí :

" O chreugaibh tuitsuidh air ar ceann.
" Le sgairnich għarbh do chlochaibh cruaidh,
" Is sgriosaibh sinn a tir nam beo,
" A chum 's nach faic sinn glóir an Uain !

Amach as uamhaidh gabhuidh thriall.
An diabhal 's a chuid single fein,
Ge cruaidh e 's eigin teachd a lathair,
Ag slacdadh shlabħruidh air a dheigh.

'N sin fasidli ruogħa ann san spèur
Mar shair ja-majdae 'g ċiridh dearg ;
Ag innseja gu bheil Iosa fein,
A teachd na deidh le laeth garbh.

A fhosgladias a cheil na nedil,
Dhoris fed-hair an ard Riesg,
Is iorġiċċejt am orkesteamh mòr,
Le glóir is greadhnachas gun chrioch.

Tha 'm hegħha froiss minn cuairt da cheann,
Is mar thuill nān gleann tha suaim a ghutli,
Is mar dhealajnejah tha sealladh ihū,
Is spūtadħ as na neċċaibh tuigh.

A għian ard-lokharin nan spèur,
Do ghiori a pheansu għellidh grad :
An dealħadħ drillseach thig o għnudi,
A solus mōchaidh se' air fad.

Ujeridh si u jippe culaidh bħrdi,
Bidi għejalach mar gun dōirt' orr fuu,

Is crathar cumhachdan nan spèur,
A teilg nan rèulta as am bun.

Bidh iad air uigh-deall ann san speùr,
Mar inheas air gèig re h'anradh garbh.
Tuiteam mar bhraonaibh dh' uisge dlù,
'S an glòir mar shùile duine mhairbh.

Air charabad teine suidhidb fè,
'S mun cuairt da bèucaidh 'n fairneinach,
Ag dol le ghairm gu crìch na neamh,
'S ag reub nan neul-gù doineannach.

O chuidhlibh charbaid thig amach,
Sruth mor do theine laist' le feirg,
Is sgaoilidh 'n tuil úd air gach taobh,
Ag cur an t-saogh'l na lasaic dheirg.

Leaghuidh na duile 'nuas le teas,
Ceart mar a leargas teine cèir :
Na cnoc 's na fleibhte lafaidh suas,
's biollur sear-gaibh, a chuan gu leir.

Na beanntaidh iargolt nach d' thug seach,
An sforas riamh do neach da 'n deòin,
Ta iad gu fìaluidh taosgadh 'mach,
An ionmhlas leaght' mar abhuinn mhoir.

Gach neach bha sgríobadh cruinn an òir,
Le fannut, le dòi-bheart, no le fuil ;
Lán chaisgibh 'nois bhur 'n iota mhòr,
San nasguidh òluibh dheth o 'n tuil.

O fibhse rinn bhur bun don t-saogh'l,
Nach d' thig fibh 's caoinibh e gu geur,
'N uair tha e gleacadh ris a bhàis,
Mar dhuine làdar dol don aig.

A chuisleadh chleachd bhi fallain fuar,
 Re meireig uai' reich feadh nan gleann,
 'Ta teas a chleibh ga'n smúidreadh suas,
 Le goilibh buaidhreis feadh nam beann.

Nach faic sibh chrítlí tha air mu 'n cuairt,
 'S gach creug ag fuasgladh ann 's gach siabhl ;
 Nach cluinn sibh ofnaich threm bháis,
 'S a chroidhe sgáineadh stigh 'na chliabh.

An cúrtainn gorm tha nunn o 'n ghrein,
 'S mu 'n cuairt do 'n cruinne ché mar chléoc,
 Crupaideh an lasair e r'a chéil,
 Mar mheillteig air na h-eibhle beo.

Tha 'n t-aidheir ga thachd le neulla tiugh,
 'S an toit na meallaibh dubh dol suas ;
 'S an teine millteach sputadh 'mach,
 Na dhualaibh caisreagach mu 'n cuairt.

Imchioll a chruinne so gu leir,
 Bh-bhéucaidh 'n tairnean an'gu brais :
 S bidh 'n lasair lomadh gloir nan spéur,
 Mar fhalaifsg ris na sleibhte cas.

Is chum an doinionn atadh suas,
 O cheithir airdibh gluaisidh ghaoth ;
 Ga sgúirs' le neart nan aingle tréun,
 Luathach an'léir-sgrios o gach taobh.

Ta obair na se ìæth rinn Dia,
 Le lasair dhiann ga chur na sgaòil ;
 Cia mor do shaoibhrcas Riogh na 'm feart,
 Nach innndrain casgradh mhíle faogh'l !

'M feadh tha gach ni an glacaibh 'n éng.
 'S a chleachd an léir dol bun-oscionn,

Teannaidh am Breitheamh oirne dlú,
A chum gach cui's a chur gu ceann.

'N sin gluaifidh se o' aird nan spéur,
Air cathair a Mhòrdhachd fein a nuas,
Le greadhnachas nach facas riabh,
'S le Dhiadhachd sgeudaichte mun cuairt.

Ta mísle tairneanach 'na laimh,
A chum a naimhde sgrios am feirg,
Is fonn-chrith orr' gu dol an gréim,
Mar choim airéill re h am na seilg.

Ta aingle gun áireamh ann na chúairt,
Le 'n fúilibh suidhicht' air an Ríogh,
Chum rith le ordugh-san gun dál,
'S na h uile áit' ga 'n cur ann gniomh.

O Iudas thig anois a láthair.

'S gach neach rinn bráithreas riut a' d' gniomh,
An dreap a dh' aichean creidimh Chríost,
No réic e air ion ni nach b' shiach.

A shluagh gun chiall thug miann don òr,
Roimh ghlòir is aibhneas fiaiteas De,
Bhur malairt ghòrach faicibh nois,
'S an sgrios a thug sibh oiribh fein.

'S a mhuintir uaibhreach leis 'm bu nár,
Gu 'n clainnte crábhadh dhá 'n ar teach;
Faicibh a ghlòir 's na b' iongnadh leibh,
Ge d' dhruid e sibh a' riogh'chd amach.

O Herod faic a nois an Riogh,
D' an d' thug thu spid is maisteadh mòr,
Ge sgendachadh le trusgan ruogh,
Mar lùaincneas sgallais air a ghlòir.

Nach faic thu Breitheamh an t saoghail gu leir
 'S mar éudach uime an lasair dhearg ;
 Ag teachd thoirt duais do dhaoine còir,
 'S a sgrios luchd dòbheit ann am feirg ?

Is thusa Philat tog do shúil,
 'S gu 'm faic thu nois' a mútha mhòr ;
 An creid thu gur h e sud an Ti
 A rinn thu dhíeadh air do mhòd ?

An creid thu gur e fud an ceànn,
 Mun d' iath gu teann an sgítheach géur ?
 Na idir gur i sud a ghnúis,
 Air theilg na h Iúdhaich fileadh bréun !

'M bu leor gur theich a ghrian air cùl,
 Ag diultadh fiadhnuis thoirt don gniomh ?
 Ciod uim' nach d' fhuair a chruitheachd bás,
 'N uair chéusadh air a chránn a TRIATH !

Cuirfidh se aingle 'mach gach taobh,
 Chum ceithir ghaothais 'n domhain mhòir,
 A chuairteachadh gach aon don t fluagh,
 A steach gu luath a dhionnsuidh mhòid.

Gach neach a dh' aitich colluin riagh.
 O 'n ear 's o 'n iar tha noise teachd.
 Mar scaoth do bheachaibh tighn mu ghéig,
 An deidh dhoibh éiridh 'mach o 'n scep.

'N fin togfuidh aingeal gloirmhur suas.
 Bratach Chriosd da 'n fuaincneas ful :
 A chruinneachadh na ghluais fan chòir,
 'S d' a shluangas rinn dòigh is bun.

D. Ti ionnsuidh cruinnicheadh mo naomh
 'S anailiagh gach aon don dream,

A rinn gu dileas is gu dlú,
Le creideamh 's úmhílachd ceangal leam.

'N sin tionsgnaidh 'm breith' air cùis an lá
Do chum a náimhde chur faoi bheinn,
Is fosglaidh se na leabhrain suas,
Far am bheil peacadh 'n t fluagh air chuimhn' ;

Fosglaidh se 'n creidhe mar an céu 'n,
Air doigh 's gur léir don uile neach,
Gach umharrachd bha gabhail tamh,
Air seadh an árois ud a steach :

'N uair chi an sealladh so dhuibh fein,
Is dearbh gur léir dhoibh ceartas Dia ;
'S bidh 'n gruaidh a leaghadh as le nair,
Nach lugha crádh na teine dian.

Togfuidh an trompaid 'risd a fuaim.
Na labhradh is na gluaiseadh neach ;
Air chor gu 'n cluinn gach beag is mor
A bhreidi thig air gach seòrt' amach.

" A dhaoine sanntach thréig a choir,
" 'S a leag bhur dòchas ann bhur toic,
" 'S a ghlais gu teann bhur croidhe suas,
" 'S a dhruid bhur cluas re glaodh nam bochd :

" An lomnocht cha do dhion o 'n fhuachd,
" 'S do 'n ocrach thruagh cha d' thug sibh biadh,
" Ge d' lion me fein bhur cis'd' go lón,
" 'S bhur treuda' chur a moid gach bliadh,

" Ni bheil sibh iomchuibh air mo riogh'chd,
" As eugmhais firinn, iochd., is gráidh :
" 'S o reub sibh m' iomhadh dhuibh gu léir,
" Agraibh sibh fein 'nar sgríos gu bráth.

- “ Ts sibhs’ bha guidheachan gu dian,
 “ Gu ’n glacadh ’n Diabb’l bhur ’n anam fein ;
 “ ’S meithich bhut ’n úrnuidh fhreagrádh dhuibh,
 “ ’S na h abraibh chaoidh’, Gur craidh am beinn.
 “ Is sibhs’ a rinn bhur teanga’ fein,
 “ ghéurachadh chum uilc mar scian,
 “ Le tuaileas, cul-chainnt, agus breúg,
 “ ’S le blaíspheum’ tabhairt béum do Dhia.
 “ A nathraiche millteach ’s oilteil greann,
 “ Cha bhinn leam ceol bhur frannruich àrd,
 “ ’S cha ’n eisd o ’r teangaidh ghobhlaich cliú
 “ Le drúchd a phuisein air a barr.
 “ Is sibhs’ thug fuath do m’ ordugh naomh,
 “ Is leis nach b’ ionmhuinn caomh mo theach,
 “ Leis am bu bhliadhna suidhe uair,
 “ Am áros tabhairt cluas do m’ reachd :
 “ Cionnas a mhealas sibh gu bráth,
 “ Am sheirbhis Sàbaild shiornuic dhuan
 “ Ná cionnas bheir bhur n anam grádh,
 “ Don ni da ’n d’ thug bhur nádúr fuath ?
 “ Luchd míoruin agus formaid mhòir,
 “ Da ’n dòruinn iomlan sonas cháich,
 “ Le doilghios geur a cnámh bheir teang
 “ Aon neach oirbh fein bheir bárr :
 “ Cionnas a dh’ fheuda : sibh gu bráth
 “ Lan shónas aiteach ann an gòir ;
 “ Far am faic sibh míllte dream,
 “ Ga ’n ardach’ os bhur ceann gùniòr ?
 “ Am fad ’s bu lér dhuibh feadh mc riogh’chd,
 “ Neach b’ airde inbhe na sibh fein ;

“ Nach fadadh mìorun 's formad cùirt,
 “ Tein' ifrinn dhuibh am ftaitheas De ?

“ Is sibhs' ann slighe na neo'·ghloin għluais,
 “ 'S gu sonraicht' thruaill an leaba phòsd ;
 “ Gach neach a thug do m' naomhachd fuath,
 “ Ga 'n tabhaïrt suas gu toil na feòl :

“ Mar b' ionmuinn leibh bhi losgadh 'n teas
 “ Bhur n uabhair, dheasúich me dhuibh fearg,
 “ Leabaidh theth ann luidh sibh sios,
 “ Am brachaibh-lìn do lasair dheirg :

“ Ge d' bheirinn sibh gu rìoghachd mo ghlor,
 “ Mar mhuaibh steach gu feòmar rìogh :
 “ Bhur nadur neogħlan bhiodh ga chràdh,
 “ Le'r miannaibh bàsúchadh chion bìdh.

“ Gach neách tha iomchuidh air mo rìogh'chd,
 “ Teunnuibh sibħse chum mo dheis,
 “ Is crunnichibh seachad chum mo chil,
 “ A chrònach o na crannaibh mea.

'N sin tearboinidh se chum gach taobh,
 Nà caoraich o na gabhruibh lom ;
 Ceart mar mar ni buachaile an trèud,
 'N uair chuairteachais e sprèidh air tom.

'N sin labhruidh se re luchd a dheis,
 “ Sibhs' ta deasúicht' le mio għiràs,
 “ Thigibh sealbhuichibh an rìoghachd,
 “ Nach faic a sonas crioch gu bràth.

“ Do spealg me 'n geat' bha oirbhse dàinnt,
 “ Le m' ùmhlaħcd 's m' shulangas ro ghèur:
 “ 'S dh' fhosgail an t sleagh gu farfuing suas,
 “ Am leath-taobh dorus nuadh dhuibh fein.

"Chum craoibh na beath' ta 'm Fàrrais Dè,
 "Le h èibhneas teannaibh steach d' a coir:
 "'S a fearta iongantach gu lèir,
 "Dearbha bhur n' uile chrèuchd 's bhur leon.
 "An cloidheamh bha ruisgte laist' d' a dion,
 "O laimh ar sinnfir Adhamh 's Eubh,
 "Do rinn me truaill dom chroidhe dhà,
 "'S a lasair bhàth me le m' fhail fèin.
 "Faoi dosraich ùrain suidhibh fios,
 "Nach searg 's nach cròn am feasd a blàth;
 "'S mar smèòraichibh a measg a geùg,
 "Chum molaigh glèusaibh bian bhur càil.
 "Le a maise fasuichibh bhur fùil,
 "Is oirbh faoi sgàil cha drùigh an teas,
 "O a duillich chàraidh òluibh slàint;
 "Is bithibh neimh-bhasmhur le a meas.
 "Gach uile mheas tha 'm Fàrrais Dè.
 "Ta nois gu ten neimh-thoirmisgi? dhuibh;
 "Ithibh gun eagal o gach gèig,
 "A nathair nimh d' ar tèum a choidhch.
 "Is uile mhiann bhur n'anama seìn,
 "Lan-fasuichibh gu lèir ann Dia,
 "Tobar na firinn, iochd, is gràidh,
 "A mhaireas làn gu cian'na 'n cian.
 "Mor-inntleachd iongantach na slàint,
 "Sior rangsuichibh air àird 's air leud,
 "'S seadh oibriche mo rioghachd mhòir,
 "Bhur n'eòlas miannach cuiribh 'meud.
 "Bhur n'aoibhneas, más, bhur tuigs', 's bhur
 "Bitheadh gu sìorruidh fàs ni 's mò : [gràdh]

“ S ni 'n coinnich sibh aon ni gu bràth,

“ Ehet air sonur n anam cràdh no leòn.

“ Cha n fhacadh fùil, 's cho chuladh cluas,

“ Na thaistig mei suas do shonas duibh,

“ Imichibh, 's biodh bhur dearbheachd fein,

“ Siòr-innseadh sgèul duibh air a chaoidhch.”

Ach ris a mhuinnitir th'air a chìl,

Labhruidh se 'na dhìoghaltas cruaidh,

“ A chuideachd nach d'thug gràdh do Dhia,

“ A chum an diabhalil siubhlaibh uam.

“ 'S mo mhalluchd māille ribh gu brath,

“ A chum bhùr cràdh 's bhùr cur gu pian :

Gluaisibh chum an teine mhòir,

“ D'ar ròsfadhl ann gu cian nan cian.”

Mar a sgàin an talamh as a chèil,

'N uair ghabh e teaghlaich Chòrah steach,

Ceart laimh riù fosglaidh 'n uamha bèul,

'S i miaganach air son a creich.

Is mar a shluig mhuc-mhara mhòr,

Iònas 'n uair chuaidh theilgeadh 'mach.

Ni slugan dobh an dara bàis,

A charabad iathadh unpa steach.

San uamhaidh taobhaidh iad re chèil

A għluais na mbeatha gu h-eucorach :

Luchd mionn is mortaidh 's fia'nais bhreig ;

Luchd meisg is rèibinn 's adhaltranais.

Mar chualaig dhiris an ceangal teann,

Ann slabhruidh tha gach dream leo fein ;

'S an comunn chleachd bhi 'n caidreamh dlù,

Mar khioraibh rùiste dol nan crè.

Mar leomhan gao faoi chuibhreach cruaidh,
 Le thoscaibh rèubadh suas a ghlais :
 An slabhruidh cagnuidh iad gu dian,
 'S gu brath cha ghearr am fiacla phrais.

Bidh iad gu siorruidh 'n glacaibh bhàs
 S' an croidhè ga fhàsgadh ast' le bròn
 Ceangailt' air cuan do phronnasc last'
 'S a dheatach uaine tachd' an fròn.

Mar spairneig fuaighte ris' an sceir,
 Tha iad air creugaibh goileach teann :
 Is dibh-fheirg Dhe a seideadh chuan,
 Na thonnaibh buaidhreis thair an ceann.

'N uair dhùineas codal cruaidh an sùil,
 Teas feirg 's an-dochas dùisgidh iad ;
 A chnuimh nach bàsuich 's eibhlé bed,
 Ag cur an dòruinn shiorruidh 'meud.

Air ifrinne 'n uair a gheibh iad fealbh,
 'S lan-dearbha co ga 'n torr iad cìs,
 Feudfuidh sinn an gearan truagh.

Chur ann 's nà briathraibh cruaidh fo fios,

“ O ftaid na neimhni 'n raibh me 'm thàmh,
 “ Ciad uinne dh'àrduch Dia mo cheann !
 “ Mo mhile malluchd aig an là
 “ 'N do ghabh mo mo mìharhair mé na brioin !

“ Ciad uinne fhuair me tuigse riamh ?

“ Na ciall is reusan chum mo sdiùr ?

“ Ciad uim' nach d'riinn thu euileag dhiom ?

“ Na durrag dhiblidh ann san ùir ?

“ Am mair me 'h fo gu saogh'l nan saogh'l !

“ 'N d' thig crioch na coachladh orm gu brath ?

“ Am bheil me nois fan t siorruidheachd bhuan,

“ A' snàmh à chuain ata gun tràigh ? ”

“ Ged àiream oile reulta neamh,

“ Gach fèur is duillich riamh a dh'fhàs,

“ Ma' ris gach braon ata sàm chuan,

“ 'S gach gaineamh chuairticheas an tràigh.

“ Ge d' chuiream mìle bliadhna seach,

“ As leth gach aon diubh sud gu leir,

“ Cha d'imthich seach don t siorruidheachd mhòr,

Ach mar gu'n tàisicheadh i 'n de..

“ Ach O ! 'n do theirig trocair Dia !

“ 'S am pian e me gu faogh'l nan faogh'l !

“ Mo shlabhruidh 'n lafuch e gu bràth !

“ No glas mo làmh an deun e sgaoil !

“ 'M bi 'mbeul a dh'orduich Dia chum feinn

“ Air seadh gach linn a chliù gun sgrios,

“ Mar bhalagan-fèididh fadadh suas

“ Na lastrach uain ann ifrinn shios !

“ Ge d' chuaidh mo thruaighc thair mo neart

“ Gu deimhin fein is ceart mo bheinn ;

“ Ach c' aite bhios me 'n so gam' chràdh,

“ Mu'm bi do cheartas fàitheadh dhiom !

“ No 'mbi thu dìo'lte dhiom gu bràth ?

“ 'N deàch lagh an nàduir chur air cùl ?

“ Mo thruaighe me ! 'ne fo am bàs

“ A bhagair thu air Adhamh 'n tùs ?

“ Air sgà do dhio'ltas 'm bi thu sniomh

“ Snàthain mo bheath' gu siorruidh caol ?

“ Nach leor bhì mile bliadhñ gà 'm' losg'

“ As leth gach lochd a rinn me 's t faogh'l ?

" Ge 'd lean do dhò'ltas me 'ga m' chùl,
 " Cha 'n arduich e do chliù a Dhe,
 " 'S cha'n fhiù do d' Mhòrdhachd t' fhearg a chosd,
 " Air comharrtha co bochd rium fein.
 " O Dhia ! nach sgríos thu me gu tur ?
 " 'S le d' chumhachd cuir air m' anam crioch,
 " 'S gu staid na neinibni teilg me uait,
 " Far nach 'eil fulang, smuain, no gnìomh
 " Ach O ! se so mo thoililtneas fein
 " Is nì bheil èucoir buntain rium ;
 " Oir dhiùlt me taigse shaor do Chriosd,
 " 'S nior 'ghabh me d' a fhuil phrìseil suim.
 " Mo choguis dìtidh me gu bràth,
 " An fhia' nais bha ga 'm chàineadh riamh :
 " An-iochd na èucor ann mo bhàs,
 " Cha leig i charamh 'm feasd air Dia.
 " Do theilg me àitheanta air mo chùl,
 " Is rith me dùl brachdach ~~an~~ sgríos,
 " Is fhia'nais fein a' m' chroidhe mhùch,
 " Ag druid mo shuile roimh mo lèas.
 " Cia meud an dìogh'ltas tha dhamh 'n dual
 " As leth mo pheacaidh uamburr dàn !
 " Am peac' thug dù'l an do fhuil Chriosd,
 " 'S a dh'fhág gun eiseachd briogh a bhàs !
 " Gidheadh nach 'eil do Bhuidhean fein
 " Neimh-chriochanach gu lèir o chian ?
 " 'S an d' thoir mo chionnt air iochd, 's air gràdh
 " Gu'm fas iad criochanaicht ann Dia ?
 " 'M bheil comas duit mo thilgeadh uait
 " Far gach cluinn do chluas mo screid ?

“ ‘M bheil dorchadas ann ifrinn fèin
 “ Far nach lèrr do Dhia mo staid?
 “ Ann d’ aoibhneas iomlan, ’n eisd do chluas
 “ Re creutair truagh a rinn do làmh,
 “ Ag èigheach, *Athair!* gabh dhiom truas,
 “ ‘S leig fuarach do ghoil-sinear mo chnàmh?
 “ Eisd o mo Dhia! mo thagradh bochd,
 “ ‘S gach osna ghoirt ’ta tighn a ’m ’chliabh,
 “ ‘S aon athchujinge do iarram ort,
 “ Tairèis gach lochd a rinn me riamb.
 “ N uair ghuileas me deich mìle bliadhna
 “ San latair dhian so fein ga m’ chràdh,
 “ ‘N uair sgìtheas deamhain bhì ga m’ phian,
 “ *O deonuich Dhia gu’n fluidh me bas?*
 “ Ge truagh mo ghuidhe cha’n eistear è
 “ Is fois na fedh cha’n fhuidh mìe chaoidh
 “ Ach beatha neimh-basinhur teachd as ùr
 “ Gu’m ñeartuch ghlànan tuille claoi”

Ach stàd mo Rann is pill air h ais
 O shlochd na casgràidh dhèin a nìos,
 Is feuch cionnas a bheir thu seòl
 Don dream tha beò nach d’theid iad sìos.

A lèughadoir a bheil e fior.
 Na chuir mi cheana sìos am Dhàn?
 Ma se ’sgu bheil thig ’s lùb do ghlùn
 Le ùrnuigh’s aithreachas gun dàil :

A dh’ ionnsuidh Iosa teich gu luath,
 Ag gabhail gràin is fuath do d’pheac’,
 Le creideann fior bheir àmhlaichd dhà,
 Anu uile àitheanta naomh a reachd.

Gabh ris'na oifigibh gu lèir,
 'S re h aon diubh na cuir fein-do chùl ;
 Mar Fàidhì, mar Shagart, is mar Rìogh,
 Chum flàinte, dìdean, agus iùil.

Biodh eisioimplair am beachd 'o shùl,
 Chum d' uile għluasachd sdiùr da rèir,
 'S gach meadhou dh' ordúich e chum flàint,
 Bi fein gan gnàthuchadh gu lèir.

As fhìreunteachd deán bun a mhàin ;
 'S na taic gu bràth re d' thoilltneas fèin :
 'S mas àill leat èifeachd bhi na għräs,
 Na h alltrum peacadh dàimh a' d' chrè.

Mar sin ge d'tha dō chionnta mòr,
 Chum glòir do Tighearn' saorar thù.
 Is chum do shonas siorruidh fèin,
 Air feadh gach rè ag feinn a chliù.

B R U A D A R.

A I R bhith dhamhsa ann am shuain
 Re bruadar diomhain mar tha càch,
 Bhi glacadh sonais o gach nì
 Is e gam dhìbreadh ann 's gach àit.

Air leam gun d'thainig neach am chòir,
 'S gu'n dabħrt e riom, “Gur gòrach mì,
 “ Bhi sìmuainteach greim a ghleidh' do 'n ghaoith,
 “ No gun lion an facgh'l mo chri'.
 “ Is diamhain duit bhi 'g iarruidh fainh,
 “ N aon ni, no 'n àit' air bith faoi 'n għrein ;

" Cha chilos do d' chorp an taobh so 'n uaigh
 " No d' anam 'n taobl so shuaimhneas Dè,
 " 'N tra dh'ith Adhamh 'meas an tùs,
 " Am peacadh dhrùigh e air gach nì ;
 " Lion na h uile ni le faothair,
 " Is dh'f hag e 'n 'saogh'l na bhriste cri'.
 " Air sonas anama chaill e chòir,
 " Ma' ris gach sòlas bha'nn fa ghàrr' :
 " O fin ta shliochd nan deòraibh truagh ;
 " Mar uain a mearachd air a màthair...
 " Re mèlich chryaïdh tà'id iith gach nì,
 " Ann duil gu 'm fuidh an inntin clos ;
 " Ach dhoibh tha 'n saogh'l gun iochd no trius,
 " Mar mhuime choimhich shuair gun tlus.
 " Mar sin tha iad gun fhois no tàmh,
 " Ga 'n sàruch glacadh faileas brèig,
 " S ag deòl toil-inntin o gach nì,
 " Is iad mar chiocha seafg nam bëul.
 " Bidh teanndachd eigin ort am feasd,
 " S do dhochas faicfin fuasgladh d'fhèum,
 " An comhpuidh dhuit mar fhad do làimh ;
 " Ach gu bràth cha'n fhuidh'dheth gréim.
 " Cha teasgaig d'fheuchain f'dearbha thù,
 " O dhùil is earbfa chuir san bhrièig,
 " A rinn do mhealladh mìle uair.
 " S co-fhada uait an diu san dè.
 " An ni bu mhò da'n d'thug thu miann,
 " Nach d'f hag a mhealltuinn riath e fearbh ?
 " Tha tuille sonais ann an dùil,
 " Na tha 'n crùn le bli na shcalbh.

" Ceart mar an ròs ata san ghàrr,
 " Searguidh bhlàthi 'n uair theid a bhuan;
 " Mun gaun a ghlacas tu e d'laimh,
 " Trèigidh àile e 'sa shnuadh.

 " Ni bheil neach o thrioblaid faor,
 " Am measg a chinneadh daonn air fad:
 " 'S co lionmhur osra aig an Rìogh,
 " Is aig an neach is ìse staid.

 " Ta smùdan fein as ceann gach foid
 " Is dòruinn ceangailt' ris gach maith.
 " Tha 'n ròs a fas air drisibh gèur
 " 'S am pàirt a chèil tha mhil sàan gath.

 " Ge d' fhaic thu neach ann foibhreas niòr
 " Na meàs a shòlas bhi thair càch:
 " An tobar 's gloine chi do shùil,
 " Tha ghrùid na ìochdar gabhail tàmhl:

 " 'S mu chuireas t' anail e na għluais,
 Leing chabhaig suas a' d'bhèul,
 Duingidh 'n ruognan déarg a niòs,
 " 'S le gainean dh lionaidh se do dhéud.

 " 'S ge d' fhaic thu neach ann inbhe ard,
 " Tha e mar nead am barr na craibh;
 " Gach sdoirm a bagradh thilgeadh nuas,
 " Is e air luasgadh leis gach gaoith.

 " An neach is fearr tha 'n saogh'l a riар,
 " Tha fiaradh eigin ann na staid,
 " Nach deun a sheòltachd is a stri.
 " Am feast a dhìreachadh air fad.

 " Mar bhàta' fiar ann aghuidh chèil,
 " Ata o shuidheach fein doth-chur;

" A reir mar dhìreas tu a bliarr,
 " 'S co-chinn teach ni thu càm a bhun.
 " Na h Iudhaich thionail beag no mòr,
 " Do'n Mhanna dhòirteadh orra 'nuas ;
 " N uair chuir gach neach a chuid san chlàr,
 " Cha ráibh air bárr na dadum uaith :
 " Mar sin atá gach sonas faogh'lt,
 " Ata thu faotainn ann a d' làimh,
 " Fa chomhair saidhbhreas, 's iubhe cuirt
 " Tha caitheamh, cùram, agus cràdh.
 " Ge d' chàrn thu òr a d' flige suas
 " Fa chomhair fasuidh 'n luaidh da rèir
 " Is ge do chuir thu innse riogh'chd
 " A mhéidh cha dìrich i na dèigh.
 " Tha cuiobhroinn iomchuidh aig gach neach,
 " 'S go d' tha thu meas gur tuille'òr shears,
 " Cha d' thoir a n-anabarr tha'nn a su,
 " Am feasd an cudthrom as achràdh.
 " O iomluain d' innsean tha do phian ;
 " Ag djìultadh 'n diu na dh' iarr thu 'n dè ;
 " Cha chomasaich an saogh'l do riar,
 " Le d' anam ianna 'n aghuidh chèil,
 " Na 'm fuigheadh toil na seol a rùn,
 " Da mianna brùdail dh' iarradh fàth,
 " Flaitheas bu ard cha 'n iarradh i,
 " Na ionnta sàd bhi sìorruidh snàmh.
 " Ach ge d' a b' ionmhuinn leis an fheadil,
 " Aih talamh còmhpuachad gach rè :
 " Bràdh dùthraghd d' ardain agus d' uaill,
 a shuas re cathair De,

“ Ach nà m bàill leat sonas buan,
 “ Dò shlighe tabhair suas do Dhìa,
 “ Le dùthraghd, creideamh, agus gràdh,
 “ Is sàsuichidh e d' uile mhiann.
 “ Tha 'n cuideachd sud gach nì san t saogh'l,
 “ Tha 'n comas daoine shealbhach fior;
 “ Biadh, is eudach, agus slàint,
 “ Is faorsa, càirdeas, agus sith.”

Ann sinn do mhosgail as mo shuanin,
 Is dh' shag ino bhruadar me air fad:
 'S do leig me dhiom bhi rith gach sgàil,
 Is dh' fhàs me toilichte le 'm staid.

A N G A I S G E A C H.

CH A bu ghaisgeach Alastair mòr,
Na Cesar thug an Ròimh gu geill ;
Oir ge d' a thug iad buaidh air càch,
Dh' fhan iad nan tràill' da miannaibh fein.

Cha ghaisg an ni bhi liodairt dhaoin'
'S cha chliú bhi ann an caonnaig tric.
Cha 'n uaisle inntin ardan borb,
'S cha treubhantas bhi garg gun iochd,

Ach 's gaisgeach eisean a bheir buaidh
Air eagail beatha, 's uamhunn bàis,
'S a chòmhluicheas le meisneach crì,
Na h uile ni ata dha 'n dàn.

Le gealltachd ciont, cha teich air cùl
'S an am an dùisg a choguis fein,
A tagradh eisfidh se gu ciúin,
'S an ceartas dùinidh se a beil,

'S e 'n gaisgeach eisean bheir faoi chìs,
A thoil chum strìochd do reusan ceart,
'S a smuaintidh ceannaireach gu lèir,
Bhi 'n ordugh gèilleachdain d' a smachd

A mhianna brúdail faltruidh sios,
'S mar bhuill a chuirp faoi chìs atàid
'S cha 'n irislich fein da 'n riàr,
O nach gu riaghadh rugadh iad.

San oidhich 'n uair luidheas e chum suan,
Bidh shubhailcean mun cuairt da fein ;

Mar shaighdearain an timcholl Rìogh,
Ga dhídean o gach namhaid trèun.

'S an mhaduin 'n uair a dhèireas suas,
Cruinnichidh smuainteadh as gach àit,
'S e fein nan ceann mar chaipín seòlt,
Ga 'n suidheach ann an òrdúgh blàir :

Chum cogadh 'n aghuidh miann na feòl,
Gach bochduinn, 's dòruinn 'ta fan t saogh'l,
Gach riheadh is gach inntleachd bàis,
Ta 'n deamhan gnàthach 'n aghuidh dhaoin.

Ta inttin daingion mar a chreug,
Cha charnich eagal e no fiambh :
Ta shuilean furachar is rèur,
Is lèr dha 'n dubhan troi 'n bhiadh.

Gu diamhain nochd suidh 'n saogh'l a ghlòir,
Tà is inbhe ata ann ;
Ta faidhbhreas aig co pailt na chrí',
'S gur truagh leis rìogh is crùn mu cheann,
Is ge do sgaoil an striopach lión,
Gu ghlac' le inntleachdaibh a mais,
Chia drùidh air dealanach a súl,
'S cha leag i rún le mìannaibh laist.

A nàmh cha choisín air gu bràth,
Ge d' fhuindh e sàruadhadh re h uáir ;
'S e neart 's a shlainte criodhe brúit,
Is air a ghlúinibh bheir e buaidh.

'S i in fhirinn għlan is clogaid dà,
T' gràs a chreideamh aig mar sgiath ;
's e 'n scriobtuir naomh a chloidbeamh rèur
Is a mheisneach ta gu leir ann Dia.

Ta siothchaint aig 'na iutinn fèin,
 'S a chogairis rèidh ris ann (gach ní ;
 Ta faidhbhreas aig nach lèir do dhaoin,
 Is air nach cuir an saogh'lo cròch.

Re miodal tlà cha 'n eisid a chluas,
 Is sgainail ghrannad cha bhuaidh'r a shith,
 Cha ghabh e eagal a' droch-sgéul,
 Is tuaileas bréig cha lot a chrí.

O m' anam ! dùisg is deasúich d' airm,
 'S gabh farmad ris a ghaisgeach thrèun,
 Is d' anam ianna cuir faoi chìs,
 Chum riogh'chd a cheannsach annad scùl.

Biodh d' inntin ard osciunn nan spéur,
 Cha 'n 'eil faoi 'n ghréin ach pòrsan truagh ;
 Mar tholman úire faic an saogh'l,
 Is daon' mar sheangain an mu.

A nunn's a nall gun fhios gun tàmh
 Ag cruinneach as gach àit d' a 'n cisid
 Gu lionmhor marcachd thair a chéil
 'S a trod g' géur mu bhiran brist.

'N uair chi thu 'n sealladh so do 'n t floagh,
 Do smuaiutidh cruinnich riot gu lèir,
 A ihealbhach faidhbhreas, sonas, 's fith,
 Air nach d' thig cròch a d' anam fein.

A N C L A I G E A N.

SMI m' shuigh' aig an uaigh,
Ag amharc mu bruaich,
Feuch clraiginn gun fhuagh air lár;
Do thog me Éasas,
Ag tiomach gu truagh,
Ga thionndadh mu 'n cuairt am láimh.

Gun áille gun dreach.
Gun aithne gun bheachd :
Air duine theid feach na dhail ?
Gun fhiacail na dhéud,
No teanga na bhéul,
No slugan a ghléufas cail.

Gun ruiteag na ghruaидh,
'S e rúisge ghruaig ;
Graeilldeachd na chluais do m' dlián :
Gun anail na shròin,
Nó áille don fhòid,
Ach lag far 'm bu chòir bhi árd.

Gun dealradh na shúil,
No rosg uimpe dún,
No sràodhrac te h iúl mar b' ábh'f'd ;
Ach durroga crom,
A chleachd bhi fan tom,
Air claodhach da tholl nan fít.

Tha 'n teanachain bha 'd chúl,
Air tionndadh gu smúr,
Gun tionnsgal no fúrd air d' theum :
Gun fionnteach a' d' dháil,

Mu philleadh gu bráth,
A cheartach na dh' fhag thu 'd dháidh.

Cha'n innis do ghnúis,
A noise cia thíu,
Mas riogh no mas diúbhc thu féin :
'S ionan Alastair mòr,
Is tràil a dhith lòin.
A dh' éug air an òtrach bhreun.

Fhir dheanamh na h uaigh,
Nach cogair thu 'm chluais,
Co'n clraiginn so fhuair me 'm làimh ?
'S gu'n cuirinn ris ceisd,
Mu ghna mu 'n do theasd ;
Gar am freagair e 'm feasd mo dhàn.

'M bu mhaigbhionn deas thu,
Bha sgiamhach a' d' ghnúis,
'S deadh shuidheach a' d' shúil da reir ?
Le d' mhaise mar líon,
A ribeadh mu chri,
Gach ògainich chíodh thu fèin.
Tha noise gach ágh,
Bha coifinn dùit gràdh,
Air tìonndadh gu gráin gach neach ;
Marbhasc air an uaigh,
A' chreach thu do'n bhuaidh,
Bha ceangailt' re sruadh do dhreach.

No 'm breitheamh ceart thú,
Le tuig agus iúl,
Bha reiteach gach cùis don t fluagh ;
Gun aomadh le páirt,

Ach d'ite gu bàs,
Na h encoir bha dàicheil cruaidh?

No'n do reic thu a còir,
Air ghlacaid don òr,
O'n dream ga 'n raibh stòras pailt?
Is bochdan an t fluagh,
Faoi fhoirneart ro chruaidh,
Ag fulang le cruas na h airc.

'S mar raibh thusa fior,
Ann d' oifig am beinn,
'S gun drinn thu an díreach fiar;
'S co chinnteach an ní,
'N uir thainig do chrioch,
Gu 'n deachaidh do dhít le Dia
No'n raibh thu a d' lèigh,
Ag leigheas nan crèucid,
* 'S a deanamh gach èugcail slàn?
A' d' ioc shaintibh mòr,
Ag deanamh do bhòsd,
Gu 'n dibreadh tu chòir o 'nthàs?

Mo thruaighe gun thrèig,
Do leigheas thu fein,
'N uair bùa thu faoi èugcail chruaidh:
Gun fhoghnadh gun flà,
Am purgaid no 'm plasd,
Ce d' chonbhail aon tra o 'n uaigh.

No'n seanaalair thù,
A cheislin mor chliù,
Le d' shéoltachd a sdiú'radh aim?
Air naimhde toirt buaidh,

Ga 'n cur ann san rúraig,
 'S ga 'm sagail nan cruachaibh marbh :

'N raibh do chloidheann gun bheart,
 No 'n d' fhag thu do neart:
 'N uair choinnich thu feachd na h uaig,
 'N uair b' eigin duit géill,
 A dhaindeoin do dhéud,
 Do dh' armait' a phéistidh truagh?

Tha na durraig gu trèun,
 Re d' choluiñ cur seid,
 'S ag coisne ort seisd gach lu ;
 Is clraigín do chinn,
 Na ghearasean dion,
 Aig daolagaibh dìblidh 'n tamh.

Pairt claodbach do dhéud,
 A steach ann a' d' bhénl,
 'S cuid eil ag rèub do chluas ;
 Dream eile nan scùd,
 Tigh'nn amach air do shúil,
 A spuinneadh 's a rúsg do ghruaidh.

No 'm fear thu bha pòit,
 Gu tric a stigh òsd.
 'S tu croidheil ag òl an dram?
 Nàch iarradh dhuit féin,
 Do shlaitheanas Dè,
 Ach beirm a bhi 'g èiridh d' chean

Nàch iarradh thu chòel,
 Ach mionna mún bhòrd,
 Is feuchain co 'n dòrn bu chruaidh :
 Mar bho no mar each,

Gun tuigse gun bheachd,
 'S tu brúchdadh fo sceigh mun chuaich?

Na 'n duin thu bha gluas,
 Gu cíonalta suairc,
 Gu measfaradh stuam mu d' bhòrd;
 Le miannaibh do chrè,
 Faoi chuibhreachadh gèur,
 'N am suidhe gu fèisid 's gu sògh?

N 'n geòcaire mòr,
 Bha gionach air lòn,
 Mar choin ann am feòlach dearg;
 Ag toileach do mhiann,
 Bha duilich a riad,
 'S tu geilleadh mar Dhia do d'bhòlg?

Tha noise do bhrù,
 Da 'n raibh thu a lùb,
 Do ghaineamh 's do ùir gle lànt
 'S do dheudach air glas,
 Mu d' theangaidh gun bhlas,
 Faoi gheimhlichibh prais a bhàis.

No morair ro mìòr,
 A thàchair am dhòrn,
 Neach aig an raibhl còir air tìr;
 Bha iochdmhar re bochd,
 A cluthach nan nochd,
 Reir pailteas a thoic 's a neith?

No 'n raibh thu ro chruaidh,
 A fionnadh do thuath,
 S a tanach an gruaidh le mìl;
 Le h agartas gèur

A glacadh an sprèidh
'S am bochduinn ag èitheach dàil :

Gun chroidh' aig na daoin'
Bha'r lomadh le h aois,
Le'n clraiginnibh maola truagh;
Bhi scasamh a' d' chòir,
Gun bhoinead nan dòrn,
Ge d' tholladh gaodh reòt an cluas :

Tha noise do thràill,
Gun urram a' d' dhail,
Gun ghearsom gun mhàl gun mìnòd ;
Mor-mholadh don bhàs,
A chasgair thu trà,
'S nach d' fhuiling do stràic faoi 'n fhòid.

No 'm ministeur thù,
Bha tagradh gu dlù,
Re pobull ann ùghdaras Dè ;
Ga 'm pilleadh air ais,
Bha 'g iméachd gu brais,
Gù h ifrinn na casgradh dhèin ?

No 'n raibh thí gun sgoinn,
Mar mhuime mu chloinn,
Gun chùram a h oighreachd Dhè ;
Na 'm fuidheadh tu 'n rùsg,
Bha comadh co dhiù,
Mu 'n tseannack bhi stiùbhradh 'n treud ;

Leam 's cinnteach gun d' fhuair,
Do dheanadas duais,
'N uair rainig thu 'm Euachaille mòr :
N uair chuairtich am bàs,

A Reach thu na làith'r,
Thoirt euntas a' d' thàluinn dò.

No 'n ceann thu bha làn,
Do dh' imntleachdaibh báis,
Gu scolta ga 'n tadh i a chèil ;
Ga 'n cuir ann an gniomh,
Gun umhail gun fhiomh,
A freagradh do Dhia nan deigh ?

'N raibh teangadh nam brèug,
Gun chuibhreach faoi d' dhèud,
A tog'ail droch sgèul air càchi ;
Gath puisein do bhéil,
Mar naithir a tèum,
'S a lotadh nan cèud gach là ?

Tha i noise na tàmh,
Faoi cheangal a bhàis,
Gun sgàmmil a plàigli na dùth'ch :
Is durraga grànnnd,
Air lobhtha na h àit,
An deidh dhoibh a cnàmh ga cùl

'S mu lean thu do ghnàth,
Gu leaba do bhàis,
Gun tionndadh na thra re còir ;
Car tamull na h uair,
Dean flaitheas don uaigh,
Gus an gairmear thu suas gu mòd :

Mar losgann dubh grannnd,
Ag imeart a smag,
Gu 'n eirich thu 'n ard o'n t flochd ;
Thoirt coinneamh do Chriòid,

'Na thigheachd atis,
A dh' fhaotuinn Ian diol a' d' olc.

'N uair theid thu fa bheinn,
Ni cheartas do dhìt' ;
Gàd' fhògradh gu sìorruidh uaidh
Gu lasair gu d' phian,
Chuaidh dhéasach don Diabh'l,
'Sa mhalluchd gn' dian ga d' ruog.

'N sin cruidhichidh Dia
Do chnaimhean mar iarn,
Is d' theithean mar iallaibh prais ;
Is teannaichidh d' fhòil,
Mar innein nan órd,
Nach cnamh i le móid an teas.

No 'n ceann thu 'n raibh ciall,
Is eolas air Dia,
'S gun d' rinn thu a riad fa chòir ;
Ged tha thu 'n diu rùisgt',
Gun aithne gun iùl,
Gun teanga gun sùil gun frón.

Gabh meisneach san uaigh,
Oir éiridh tu suas,
'N uair chluinneas tu fuaim an fluic,
'S do thruailleachd gu lèir,
Shios sagfuidh tu d' dhéigh,
Aig durraga bréun an t fluic.

Deasúichidh Dia,
Do mhaise mar ghrian.
Thiodh 'g eiridh o sgìath na 'm beann ;
Cur fraodhrac ro ghéar,

'S na fuile fo fein,

'S iad dealradh mar réulta 'd cheann.

Do theanga 's do chàil,

Ni glileusa gun dail,

A chantuinn na áros cliu :

Is fesglaidh do 'chlucas,

A dh' eisteachd re fuaim,

A mholaidh tha 'g fluagh a chuírt.

'N uair dhealruicheas Críosd,

'Na thigheachd a rís,

A chruinneach na m fírean suas :

'N fin bheir thu do léum,

Thoirt coinneamh dha fèin,

Mar iolair nan spéur ag luaths.

'N nair dh' eireas tu 'n aird

Grad chuiridh ort failt,

A mhealtuinn a chairdeas féin,

Gun dealach gu brath,

R' a chomunn no ghradh,

A steach ann am farras Dè.

Fhir chluinneas mo Dhàn,

Dean aithriéachas tra,

'M seadh, mhaireas do shlaint's do bheachd;

Mu 'n d' thig ort am bais.

Nach leig thu gu brath,

Air geata nan gras a freach.

A N G E A M H R A D H.

DO theirig an samhradh,
'S tha 'n geomhradh tigh'n dlù oirn,
Fior namhaid na chinneas,
Tigh 'n a mhilleadh ar dùthcha :
Ga falltairt faoi chasaibh,
'S da maise ga rùsgadh ;
Gun iochd ann re dàdum,
Ach sladadh 's a plùnnndruinn.

Sgaoil oirne a sciathan,
'S chuir e ghrian air a chùlubh ;
As a nead thug e 'n tàlach,
Neimh-bhàigheoil ga'r sgiùrsadh :
Sneachd iteagach glè gheal,
O na spèuraibh tigh'n dlù oirn,
Clocha-meallain 's gaoth thuathach,
Mar luaidh is mar fhùdar.

'N uair shèideas e anail,
Cha 'n fhag anam am flùrain ;
Tha bheillinn mar shíosar,
Lomadh lis do gach ùr-ros :
Cha bhi sgeudach air coille,
No doire nach rùisg e ;
No fruthan nach tachd e,
Faoi leachdanna dù'ghorm.

Fead reòta a chlèibhe,
Tha sèideadh na doinionn,

Chuir beirm ann san fhairge,
 'S a dh' at' garbh i na tonnaibh ;
 'S a bhinn'dich aui clàmhùin,
 Air àirde gach monaidh,
 'S għlan sgùr e na rèultan,
 D' ar pèile le'n solus.

Tha gach beathach is duine,
 Nach d' ullaich 'nà shèafson,
 Ga 'n sgiùrsa le gaillìn,
 Gun talla' gun èudach :
 'S an dream a bha gniomhach,
 Fas iargolt mi-dhèirceil ;
 Nach d'thoir iasachd do leisgean,
 Ann fan t sneachda ge d' èug e.

Tha 'n feillean 's an seangan,
 Bha tional ann stòrait,
 Le gliocas gun mhearachd,
 Tabhairt aire don dòruinn :
 'G ithe bidh 's ag ol meala,
 Gun ghainne air lòn ac,
 Faoi dhion ann fan talamh,
 O anail an reòta.

Tha na cuileoga ciatsach,
 Bha diamhain san t samhradh,
 'S na gaetheinibh gréine,
 Gu h èibhinn a damhsa ;
 Gun deasach gun chùram,
 Roimh dhùlach a gheimhridh :
 Tha iad noise a' bàsugh,
 Ann sgach àite le teannachd.

Ach eisd riom a shean-duin,
 'S tuig an sambladh tha 'm stòri,
 Tha 'm bàs a tigh'n teann ort,
 Sud an geamhradh tha 'm òran :
 'S ma gheibh e thu d leisgean,
 Gun deasach fa' chòmhail,
 Cha deun aithreachas criche,
 Do dhìonadh o'n doruinn.

Gur meithich fas diaghuidh,
 'S do chìrabha air glasadhl,
 Na 'm beàrnachd do dhèudach,
 Is d' èudan air casadh,
 Do bhàthais air rùsgadh,
 S do shùilean air prabadh,
 Agus croit ort air lùbadh,
 Chum na h àire do leaba.

Tha na fruthana craobhach,
 Bha fgaoileadh a' d' bhallaibh,
 Gu mireagach buailteach,
 Clis gluasadhach tana
 A noise air traoghadh
 O 'n taomachadh thairis,
 O ragaich is dh' fhuardich
 Teas uabhair na fola.

Balg-fèididh nà beatha,
 Tha air caitheadh gun fhèum ann,
 'S o churp ainn a' d' chliabh e,
 Gur h e phian bhi ga shèideadh :
 Tha 'n corp a chruit chiùl ud,
 Air diùltadh dhuit glèusadh;

'S comhthar cinnt' air a thaistguidh,
Bhi lasach a thèudan.

Theich māduinn na h òige,
Is treòir mheadhon laeth,
Tha 'm feasgar air ciaradh,
'S tha ghrian ort a luidhe :
'S mu bha thusa diomhain,
Gun għniomh is gun mħaitheas ;
Gu h-ealamh bi d' dħu sgadha,
Mu'n dùintheart flaitheas.

Reir caithe na beatha,
S tric leathaq gun qrioch i ;
Bidh 'n cleachda fas làidir,
Dorlhafach o'n īnniñn :
Na labhair an Sean-shocal,
'S deimhin leam fior e,
"An cas theid fan t-seanmhaid ?"
"Gur h-ainmic leis dìreadh."

Ach oganaich thrèibhich
T'hieirs! èisdeachd do m'ðoran,
'S leig dhiot bhi mi-chèillidh,
Ann cèatain na h òige :
Tha aois agus èa-saint,
Air do dhèidh ann an iòir ort ;
'S mu ni h aon aca grèim ort,
Pillidh d' aoibhneas gu bròn dujt.

An aois ata 'n tòir ort,
Bheir i leòn ort nach faoil thu
Air do shuilibh bheir ceathach,
Is treabhuidh si d' aodan :

Bheir i crith-reo mu d' ghruaige,
 'S neul uaine an aoig leis,
 'S cha d' thig aiteamh na grian ort,
 Bheir an liath-reo a chaoidh' dhiot.

Bheir na's measa na sud ort,
 Fáilne tuigfe is réusain ;
 Díth leirsinn a d' intinn ;
 Díth cuimhn' agus géire ;
 Díth gliocais chum gnothaich ;
 Díth mothach a d' chéudfad :
 'S gu 'm fas thu mar leanabh,
 Dhíth spionradh is ceile.

Fasúidh 'n croidh' neimh-aithreach,
 'S neimh ealamh chum tionndadh,
 Aon tagradh cha drúigh air,
 'S cha lúb e da ionnsuidh :
 Ceart mar tha 'n talamh,
 'N am gaillinn is teannachd ;
 Ge d' raibh míltin dol tháiris,
 Cha deun aile san chausair.

Faic seasain na bliadhna,
 'S deun ciall uath a tharuing :
 'S mas aill leat gu 'm buan thu,
 Dean rudh'r ann san earrach ;
 Dean connadh san t samhradh,
 Ni fa gheimhradh do gharadh ;
 'S mu dhibreas tu 'n séasan,
 Dhut, 's éigin bhi folamh.

'S mar cuir thu siol fallain,
 Ann earrach na h òige,

Co chinnte 's am báis duit,
 Cuiridh Sátan droch phòr ann ;
 A dh' fhásas na dhubhailc,
 'S na luidheanna feòla :
 'S bidh do bhuan mar a chuir-tha,
 Mas fubhailc no dòibheart,

Mas bhios d' òige gun riaghladh,
 'S d' anam ianna gun taod riù,
 Güm fas iad co fiadhaich,
 'S nach frian thu re d' aois iad :
 Am meangan nach sniomh thu,
 Cha spion thu na chraolbh e ;
 Muir fhíneas e ghéogán,
 Bidh fhíseumhan a sgaoileadh.

Tha do bheatha neimh-chinniteach
 O'n tinn a bheir báis ort,
 Liinge sun' bí re díthchioll,
 Do shith dleannamh tráthail :
 'S e milleadh gach cuise
 Bláis gun chúram cur dáil inn ;
 'S ionann aithreachas criche,
 'S bhi cur síl mu fheill-mártuin.

Tha ghrian ann sna spèuraibh
 Ruith reise gach laeth ;
 'S i & giarrach do shaoghail,
 Gach oidhche a luidheas :
 'S duirneas an spála,
 Troi' spáil'naibh do bheatha ;
 Tha úrheadh chuit léine,
 Ni péist a thairtheamh.

'S mu ghoideas e dlú ort,
 'S gun do dhúil bhi r'a thigh'inn ;
 'N sin foiglaidh do shùilean,
 S chi thu thu chuis thair a meithich :
 Bidh do choguis ge d' phianadh,
 Mar scian ann a d' chroidhe ;
 'S co ionann a giúlan,
 'S luidhe rúisigt' ann an scitheach.

Faic a chuileag gædite
 Le sionntaibh an náduir,
 'S o dhibir i 'n séusan,
 Gur h èigin di báfuch :
 Faic gliocas an t seangain,
 Na thional co tràthail,
 'S deun eisiompluir leanail,
 Chum-d' anam a shàbhal.



U R N U I G H.

O Tighearn ist a Dhia na glòir,
An t ard-Riogh mòr ofcioneann gach snaigh ;
Cia dà纳adh ni air h ainm ro mhòr
Le bilibh neò-ghlan bhi ag luajdh !

Na h aingle 's airde rinneadh leat,
Cia lag an neart ! 's cia dall an iùl !
Cia aineolach air h oibre mòr !
'S cia goirid air do ghùloir an chù !

Am beachd do shùile fiorgħlan fein,
Cha 'n 'eil na rèulta 's airde glan ;
'S cha 'n 'eil na h aingle 's naomh 'n glòif,
Ann làthair do mhòrachd sa gun smal.

A dean thu d' iostach fein,
D' enuimhe ann san àir.
Faoi idol do chos ag gabhaill tāmh,
'S nach faic ach sgàile beag do d' ghàuis.

Na lasadh d' shearg O Dhe nan dùl,
Am feadh do dheanam ùrnuigh riut :
'S mo phreacadh aïdmhicheam le nàir,
'S an truailleachd ghràineil ann sna thuit.

Mo chionnt ta mar na flèibhte mòr ;
Is leòn iad me le h iomad lot :
Ta manam bochd le 'n cudthrom brùit,
'S o m shùilibh fàsg nan dèura goirt.

An comas dhuit a Dhia nam feart,
Mo shaor gun cheartas chur-air cùl !

'S mu shaorar le do thrècair mì,
 'M bheil neach san t faogh'l a dhàteas tù ?

Nach èigin duit mo sgrios gu bràth,
 Mu'r àichshean thu do cheartas gèur !
 Le m' chionnta oillteil, 's gann a dh' fhag
 Mi iochd, no gràs, a' d' raoghain fèin.

Gach uile mhallachd ata sgrìobht
 Ann d' fhocal fior le bagradh teann,
 O Tighearn' thoill me air do làimh,
 Gum biodh iad càrnuicht air mo cheann.

Ge d' shas na neamh a dubh le gruaim,
 'S mo bhual le tarnainich do neart ;
 Ge d' theilg thu me me gu ifrinn shios,
 Gu sìoradh aid'icheam do cheart.

Gidheadh am feud an lafair thriùn
 A sgoilteas as a cheil an tuil ;
 Drùdhagh orm troi' umhlachd Chrìost,
 'S mi gdonáit d' ion aiteach faoi fhuil ?

An fhuil a dhìol do cheartas teann
 'S a dhoirteadh air a chrann gu lär
 S ann aisd' tha m' earbsa, O mo Rìogh !
 Nach dìt thu m' anaim air a sga.

Dean m' ionnlad glan, O Dhia na fith !
 'S an tobar loc-shaint bhrùchd a thaobh :
 A bheir dhamh beatha as a bhàs,
 'S o m' thràillealochd a ni mi saor.

Daingnich mo chreideamh ann a bhàs,
 Is beothaich gràdh am chroidhe stigh,
 Is neartuich me chum ùmhlachd dhà,
 Ann uile aitheanta nàomh a lagh.

O dean mo phlanndach ann an Crìosd !
 S' mo chrionach brisidh mach le blàth ;
 Is bidh gach subhailc 's naomha glèus,
 Mar mhéas a lùb mo ghèug gu làr.

Gach inbhe 'n cuir thu mi san t faogh'l
 Dean daonnan toilicht' me le m staid ;
 Mas bochd, no beartach, tinn no flàn,
 Do thoil gu brath biodh deant air fad.

O 's gràsmhor Dia'n' air bheir e feach !
 'S gu beachd tha DHIULTADH lan do GHRADH
 'S fior bheannachd ann an atharach dreach ;
 Gach CROIS is CREACH a thig o' laimh.

O buidlleachas do Dhia nan gràs
 Chuir chugam flànuishear nam buadh !
 Eirie mo lhaorsa chi na bhàs ;
 An luach a phaigh air m' anam truagh.

Teirub chliap a dhruim faoi m' chuail ;
 Chum nà anam dhìreach suas gu Dia ;
 Chosd gach tiodhlac th' agam naith,
 Geur-chràdh is osin' chruaidh ga chliabh.

Mo smuaintidh talmhuidh tog gu neamh,
 Is thoir dhamh èarlas air do ghràdh,
 A dh' fhògras m' eagal uile uam,
 'S a lhaoras mi o uamhunn bàis.

N sin atadh tonna borb a chuain,
 Is beuchda torran chruaidh nan spèur ;
 Teigeadh crith-thalmhuin, gort, is plàigh,
 Bhios roinn a bhàis gach taobh a thèid.

Ei thus'a' d' Dhia do manam fein,
 'S bidh iad gu-lèig dhámh 'n cairdeas gràidh ;

Cha loisg an tein' gun ordugh uait,
 Cha fhuig an cuan, 's cha sgrios a phlàigh :

Am feadh bhios cumhachd ann a d' làimh,
 Bidh mise sàbhailt o gach olc:
 'S cha 'n eagal leam gu 'm bi mi 'n dì,
 Gu siorruidh nach gu 'm fàs thu bochd.


Mo dhùthrachd, m' eagal, 's m' uile mhiann,
 A' m' Dònia tha còmhachadh gu lèir;
 Oir neamh, is talamh, 's ifrinn shios,
 Ata iad do mo Rioghs' aig gèill.

A N C R I O C H.



1
2
3
4
5
6
7
8
9
10
11
12
13
14
15
16
17
18
19
20
21
22
23
24
25
26
27
28
29
30
31
32
33
34
35
36
37
38
39
40
41
42
43
44
45
46
47
48
49
50
51
52
53
54
55
56
57
58
59
60
61
62
63
64
65
66
67
68
69
70
71
72
73
74
75
76
77
78
79
80
81
82
83
84
85
86
87
88
89
90
91
92
93
94
95
96
97
98
99
100

1
2
3
4
5
6
7
8
9
10
11
12
13
14
15
16
17
18
19
20
21
22
23
24
25
26
27
28
29
30
31
32
33
34
35
36
37
38
39
40
41
42
43
44
45
46
47
48
49
50
51
52
53
54
55
56
57
58
59
60
61
62
63
64
65
66
67
68
69
70
71
72
73
74
75
76
77
78
79
80
81
82
83
84
85
86
87
88
89
90
91
92
93
94
95
96
97
98
99
100



22.

